

## **Fios Chun a' Bhàird**

*Faclan/Lyrics: Uilleam MacDhùnlèibhe/William Livingston*

*Fonn/Music: Trad.*

Tha a' mhadainn soilleir grianach 's a' ghaoth 'n iar a' ruith gu rèidh;  
Tha an linne sleamhainn sìochail on a chiùinich strì nan speur;  
Tha an long na h-èideadh sgiamhach, 's cha chuir sgìos i dh'iarraidh tàmh;  
Mar a fhuair 's a chunnaic mise, a' toirt an fios seo chun a' Bhàird.

Seo crùnadadh mais' a' mhìos san tèid don dìthreabh treudan bhò,  
Do ghlinn nan lagan uaigheach anns nach cuir 's nach buinear pòr,  
Leab-innse buar nan geum - cha robh mo roinn diubh 'n-dè le càch;  
Mar a fhuair 's a chunnaic mise, thoir am fios seo chun a' Bhàird.

Ged a roinneas gathan grèine tlus nan speur ri blàth nan lòn,  
'S ged a chìtheart sprèidh air àirigh, is buailtean làn de dh' àlach bhò,  
Tha ìle 'n-diugh gun daoine, chuir a' chaor' a bhailtean fàs;  
Mar a fhuair 's a chunnaic mise, thoir am fios seo chun a' Bhàird.

Ged a thogar feachd na h-Alb', as cliùiteach ainm air faich' an àir,  
Bithidh bratach fhraoich nan ìleach gun dol sìos ga dòn le càch;  
Sgap mì-rùn iad thar na fairge, 's gun ach ainmhidhean balbh nan àit';  
Mar a fhuair 's a chunnaic mise, thoir am fios seo chun a' Bhàird.

Cha chluinneag luinneag òighean, sèist nan òran air a' chlèith,  
'S chan fhaicear seòid mar b' àbhaist a' cur bàir air faiche rèidh;  
Thug ainneart fògraidd bhuainn iad; 's leis na coimhich buaidh mar 's àill;  
Leis na fhuair 's a chunnaic mise, thoir am fios seo aig a' Bhàird.

Chan fhaigh an dèirceach fasgadh no 'm fear-astair fois o sgìos,  
No soisgeulach luchd-èisdeachd; bhuaadhach eucoir, Goill is cìs;  
Tha an nathair bhreac na lùban air na h-ùrlair far an d'fhàs  
Na fir mhòr' a chunnaic mise; thoir am fios seo chun a' Bhàird.